

The Free Presbyterian Magazine

An Earrann Ghàidhlig

Thug thu bratach dhaibhsan don eagal thu,
gu bhith air a togail suas air sgàth na firinn Salm 60:4

GEAMHRADH 2016

An Crìosdaidh is am Mòd

Tha sluagh Dhè air an gairm a-mach às an t-saoghal. 'S e sin a tha am facal 'eaglais' a' ciallachadh: na daoine a tha air an gairm às an t-saoghal a dh'ionnsaigh co-chomann ri Dia. Nach eil Pòl a' toirt rabhadh do na Corintianaich nach bu chòir co-chomann sam bith a bhith eadar an Eaglais agus an saoghal? (2 Cor 6:16-18).

'S e nì gu math saoghalta a th' anns a' Mhòd. Chan ann a chum glòir an Tighearna Ìosa Crìosd a chaidh am Mòd a stèidheachadh agus chan eil na nithean a tha a' gabhail àite aig a' Mhòd buannachdail gu spioradail. Tha iad talmhaidh aig a' char as fheàrr agus a tha corra nì gu math cunnartach. Bhiodh

feadhainn ag ràdh, “Dè a tha cearr air siud no air seo?” agus, “Chan eil iad ach òg”, is mar sin air adhart. Ach chan eil daoine mar siud a’ tuigsinn gur ann an làithean na h-òige a tha peacaidhean saoghalta a’ greimeachadh air òigridh agus ma gheibh sinn blasad de ghlòir dhìomhain an t-saoghail an uair sin, chan eil e furasta gun a bhith a’ dol nas fhaide ’s nas fhaide a-staigh annta nuair a tha sinn nas sine. Chan ann gun adhbhar, ma-tà, a bhiodh daoine diadhaidh a’ seachnadh a’ Mhòid bho thùs.

Ach chan e siud am beachd a th’ aig mòran a tha ag aideachadh creideimh an-diugh ge-tà. Mar eisimpleir, ann an Steòrnabhagh bho chionn ghoirid, bha grunnan mhinistearan a’ gabhail compàirt ann an seirbheis còmhla ri sagart Pàpanach, ’s iad ag iarraidh beannachadh an Tighearna air a’ Mhòd Nàiseanta. Bu chòir nàire a bhith orra a tha a’ compàirteachadh ann an leithid sin de sheirbheis co-dhiù, ach gu sònraichte còmhla ri fear a tha a’ riochdachadh a’ Phàip. Tha a dhà dhiubh nam ministearan anns an Eaglais Shaoir, far a bheil iad a’ gabhail bhòidean is ag aideachadh gur e Pàp na Ròimhe an t-ana-crìosd.

Bha feadhainn eile a’ compàirteachadh sna farpaisean agus cuid dhiubh a’ buannachadh dhuaisean ann a tha ag aideachadh Chrìosd. Bha fear dhiubh eadhon a’ seinn laoidh spioradail airson duais. Gu dè cho fada ’s a theid eaglaisean ar latha-ne ann an co-chomann an t-saoghail? Bha latha ann nuair

a bhiodh a leithid de dhaoine air an smachdachadh anns na h-eaglaisean dam buineadh iad. Ach tha làn-fhios nach tachradh siud an diugh. 'S e a' chomhairle a th' againn dhaibhsan gràs an aithreachais a shireadh oir tha iad a' toirt oilbheum do na diadhaidh agus a' cur cnap-starra fa chomhair an t-saoghail gun teagamh sam bith, ge b' e beachd a th' aca fhèin air a' ghnothach.

A' Choinneamh-cheist ann an Gearrloch

(An 9mh dhen Dàmhair 1936. Nochd an cunntas seo mar gum b' ann an iris na h-eaglaise anns an t-Samhain, 1936 agus anns a' Ghearran, 1937. Bhruidhinn fichead duine air a' cheist)

Thug Coinneach Mac a' Phearsain seachad facal na ceiste bho Phil 1 Earr 29: "oir thiodhlaigeadh dhuibhse airson Chrìosd, chan e a-mhàin creidsinn ann, ach mar an ceudna fulang air a shon". Bha comharraidhean air an iarraidh orrasan a tha a' creidsinn 's a' fulang, eadar-dhealaichte riuthasan a tha ag aideachadh seo, 's a tha tur aineolach air an nì sin.

Chaidh a fosgladh leis an Urr F MacLeòid. Leugh e bhon 15mh rann den chaibideil. Tha Pòl, thuirt e, a' sgrìobhadh a dh'ionnsaigh na h-eaglaise ann am Philipi, a thàinig gu bhith a' creidsinn an t-soisgeil, agus a' tràigsinn a h-uile nì san robh iad a' dèanamh bun uaireigin. Bha e soilleir gu leòr do mhuinntir Philipi nach robh na daoine seo a thàinig gu bhith a' dèanamh fianais air taobh Chrìosd anns an t-saoghal mar a bha

iad roimhe. Canaidh an saoghal: “ge b’ e air bith gu dè an seòrsa creideimh a th’ aca, nach eil e gu diofar, gun coinnich iad uile ann an nèamh”. Chan eil an saoghal ag amharc ach air an taobh a-mach. ‘S e nì a bha ‘n seo a thòisich a-staigh, mar a tha e soilleir a thaobh Lydia agus fear-coimhid a’ phrìosain.

Thòisich e air dearbhadh orra le bhith ann an dorchadas, agus an toirt a dh’ionnsaigh an t-solais. Bha an creutair mar seo gun ghuth gu bheil a leithid de nì ri creideamh ann. B’ e Dia, an Spiorad Naomh, a’ tighinn tren fhacal – ann an searmonachadh lagh agus soisgeul – a thàinig do bhuadhan an anama. Tha cuid a’ faighinn dùsgaidhean uabhasach, mar fhear-coimhid a’ phrìosain, ach tha na h-uile a’ faghail a-mach gun do pheacaich iad an aghaidh Dhè. Faic thusa gu dè mar a dhùisgeas E an spiorad a bha marbh.

‘S e a’ cheist a-nise, ciamar as urrainn e a bhith air a shaoradh o bhith cailte? Thàinig iad seo gu bhith a’ creidsinn ann an Crìosd. Chan eil rathad gu dol às ach aon rathad. Dh’aithnich iad seo brìgh an t-soisgeil na sgeul mhòr aobhneach dhaibh. An latha a thàinig creideamh - chan ann bho dhuine a tha creideamh (is e tiodhlaic Dhè e) - bha Crìosd fa chomhair an anama anns an t-soisgeul. Tha iad a-nis a’ dùnadh a-staigh Ris airson saorsa agus fireantachd, agus tha comharraidhean air am faicinn orra. Mura b’ e an t-saorsa sin, cha robh rathad eile air am faodadh iad a bhith air an cur saor.

Thiodhlaiceadh dhuibhse creidsinn agus fulang; dh'fheumadh an seul seo a bhith air a cur an cèill leotha.

'S e guidhe sluagh Dhè ann an seo an-diugh, gum biodh na h-uile air an teàrnadh. Mar an ceudna, tha iad a' fulang air a shon. Faic, tha creideamh air a dhèanamh aithnichte ann an sin, mar a tha iomradh againn ann an Leabhar nan Eabhraidheach 11, le bhith a' leantainn Dhè agus nam fulangasan ris an robh aca ri coinneachadh. Tha na fulangasan an-diugh a' tighinn bho na dearbh thaobhan bhom b' àbhaist dhaibh. Tha comharraidhean air an iarraidh orrasan a fhuair sealbh air a' chreideamh seo nan cridheachan agus a fhuair a bhith a' fulang air a shon; eadar-dhealaichte riuthasan aig a bheil creideamh nach tig a rèir a' chreideimh seo agus, do bhrìgh sin, nach fhuing dhaibh fulang airson Chrìosd.

Iain MacAmhlaigh – Tha iad seo a' fulang airson cliù Chrìosd. Càit a bheil a chliù? San fhìrinn. Ann an dearbhadh peacaidh air anam, tha Dia a' toirt dhachaigh crìoch a' chruthachaidh, carson a fhuair e bith. Fhad 's a bha Adhamh a' cumail ri spioradalachd an lagha, na ùmhlachd, bha e a' glòrachadh Dhè. 'S e sùim an lagha gun gràdhaich thu an Tighearna do Dhia led uile chridhe, agus led uile anam, agus led uile inntinn, agus led uile neart, agus do choimhearsnaich mar thu fhèin. Gu dè cho beag 's a tha sin a' cur dragh air a' chreutair, ged a tha sinn san t-solas as motha, gus am fosglar a shùilean gu bhith a' faicinn binn a' dhìtidh. Bheil dòigh san

cur e a-staigh tagradh airson a bhith ga fhìreanachadh fhèin? 'S e seo a-nis suidheachadh a' chreutair nach eil fhios aige air gu dè an rathad air an cur e a smuaintean.

Faic, tràth thèid a chor caillte a thoirt dhachaigh air, thèid e gu bhith air a dhòigh san t-seann chùmhnannt, gun coisinn e fàbhar tro na h-ùrnaighean is adhradh aige fhèin. Bha Pòl fo fheirg is fo mhallachd is a' meas gun robh e a' toirt barrachd air neach dhe shinnsearan, leis cho diadhaidh 's a bha e. Tràth thàinig àm Dhè a dh'fheuchainn dha spioradalachd an lagha, thuit na dòchasan aige mar thuit tùr Bhàbeil – ma thuit e – chan eil fhios agamsa. Chunnaic e cho beag 's a bha de dh'èolas air a ghlòir, air a ghràdh a bhuineadh do Dhia. Chunnaic e spiorad an nàimhdeis ann fhèin. Tha a shuidheachadh a-nis mar chogadh dà rìoghachd an aghaidh a chèile. Chan ann ann an cainnt a tha rìoghachd Dhè. Faic earr 29. Tha creideamh air a dhearbhadh, cò leis? Le bhith a' fulang. Dh'innis Crìosd gum faigheadh iad oilbheum ann. Faicibh na h-Eabhraidhich is Daniel – an fhùirneis an sin air a teasachadh seachd uairean, a dhèanamh an nì cinnteach. Tha seo ri fhaicinn san urram a chuireas Dia orra tha dìleas – gur motha àmhghar fhulang maille ri sluagh Dhè na sòlas a' pheacaidh a mhealtainn rè seal. Thoir an sgrìobtar bhuaith seo 's chan eil nì aca. Chan eil sinn a' tuigsinn nan sochairean a tha sinn a' mealtainn. Tha iad seo a' meas gach nì na chall airson 's gum bi 'adhbhar air a chumail suas. Chan eil

meadhan-tèarnaidh eile ann. Seall thusa, cho beag 's a tha an saoghal an-diugh a tha a' cur sùim air meadhanan nan gràs. Tha mòran san aideachadh de nàimhdeas. 'S e luchd-aideachaidh gun ghràs an fheadhainn bu dorra ris an do choinnich mi a-riamh.

Ri leantainn

Beatha na Buaidhe

le Màiri Nic a' Chlèirich, Bean Torra Dhamh

Ceòl chan àill leam, pìob no clàrsach,
Binneas ghall-thromb is theud,
Cha bhinn lem chluais nuair as àird' am fuaim,
Chan imich luath mo cheum:
Air ùrlar àrd cha dèan mi danns',
'S cha ghluais mi eangaidh air slèibh',
Tha cùrsa nàdar 's cunntas làithean,
Teagasg ceann mo rèis.

Mo làith' mar cheò 's mar fhaileas neòil,
Dh'fhalbh thairis m' òige nuadh;
'S i 'n oidhch' tha 'n tòir orm, dh'iompaich m' organ
Chiùil gu bròn 's gu gruaim;
Mo chridhe trom nach èirich leam,
Mar chlach air grunnnd fo shuain,
Nach dùisg 's nach gluais, ach tùirseach truagh,
Mar dhuine 'n cluas a bhàis.

'S am bàs dhan toir sinn uile gèill,
Gur sgàiteach geur a lann,
'S lionmhor treun òg 's maighdeann bheul-dhearg,
Chuir e 'n cèis le 'làimh;
Gach bean is cèile 's leanabh
Sheilbhich beatha riamh bho Adh'mh,
Ach Enoch is Eliah, chaidh an treud ud,
Uile 'n gèill don bhàs.

'S cha chuis-eagail bàs don iarmad,
Thig fo riaghladh gràis,
A chum fheitheamh thèid iad sgiamhach,
'S bàirleig sgrìobhte' nan làimh,
Air beulaibh 'n Rìgh nach diùlt dhaibh,
Inntreachdainn le mìle fàilt';
Bhon phàigh an Sagart ac' am fiachan,
'S thug E dìoladh làn.

O m' anam, dùisg led chlarsaich-chiùil,
'S dèan moladh 's cliù a sheinn,
Do Thriath nam feart le ghàirdean deas,
Thug buaidh a-mach dha threud;
'S le chòmhraig threun thug 'arm bhon eug,
San treas là dh'èirich suas,
'S a shuidh an-àird air ionad àrd,
Aig deas-làimh Rìgh nan sluagh.

Nuair thig E nuas le ainglibh-cùirt,
Mar dhealan dlùth nan speur,
Nì 'n trombaid fuaim, 's bheir sìos is suas,
Às deas às tuath dhith gèill;
Grad-èiridh suas na bheil sa chuan,
Sa chill, san uaigh, sna slèibht',
A dh'ionnsaigh 'mhòid, 's bidh choinneamh dòmhail,
Thig an còir an t-slèibh.

'N sin labhraidh 'm breitheamh ris na h-òighibh
Glic, dha òrdugh ghèill –
“A shluaigh tha beannaichte' teannaibh chum,
Mo dheis, bhon 's eòl dhomh sibh;
'S an rìoghachd m' athar gabhaibh còmhnaidh,
'S dèanaibh ceòl a sheinn,
'S bho chraoibh na beatha faighibh sòlas,
'S mairibh beò gach linn.”